

Slatan-tomhais

Foghlam Corporra

Am Màrt 2017

Foghlam Alba Stiùireadh air cleachdadh Slatan-tomhais airson Measaidh Am Màrt 2017

Dh'ainmich [Aithris do Luchd-cleachdaidh a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais \(CfE\)](#) (An Lùnastal 2016) aig Foghlam Alba gur e an dà phrìomh stòras a tha a' cur taic ri luchd-cleachdaidh gus ionnsachadh, teagasg agus measadh a phlanadh:

- **Eòlasan agus Builean**
- **Slatan-tomhais**

Tha slatan-tomhais a' solarachadh soilleireachd air na h-ìrean nàiseanta a thathar a' sùileachadh taobh a-staigh gach raon den churraicealam aig gach ìre. Tha iad a' mìneachadh loidhnichean adhartais a tha glè shoilleir ann an litearrachd is Beurla agus àireamhachd is matamataig, agus tarsainn gach raon eile den churraicealam bho Thràth-Ìrean gu Ceathramh Ìrean (Ciad Ìre gu Ceathramh Ìre ann an Nuadh-chànanan). Tha iad a' dèanamh soilleir na dh'fheumas luchd-ionnsachaidh de dh'fhiosrachadh agus a bhith comasach a dhèanamh airson adhartachadh tro na h-ìrean.

Tha leasachadh sgilean mar phàirt iomlan de na Slatan-tomhais gus taic a chur ri barrachd tuigse cho-roinnte. Tha tuigse do sgilean agus an ìre gu bheil iad a' leasachadh a' toirt comas do luchd-ionnsachaidh ceanglaichean a thogail eadar an ionnsachadh làithreach agus an roghainnean dreuchdail agus cosnadh san àm ri teachd.

Tha slatan-tomhais a' tarraing còmhla agus a' grinneachadh raon fharsaing de stiùireadh measaidh a bh' ann roimhe (a' gabhail a-steach taobhan sònraichte de dh'ionnsachadh, de fhreaman adhartais agus de dh'eisimpleirean le beachdan) mar aon phrìomh stòras airson taic a chur ri breithneachadh proifeiseanta thidsearan is luchd-cleachdaidh eile air adhartas chloinne agus dhaoine òga tarsainn gach raon den churraicealam.

Tha slatan-tomhais a' cur taic ri conaltradh proifeiseanta mar phàirt den phròiseas riaghailteachd airson measadh a dhèanamh air far a bheil clann agus daoine òga nan ionnsachadh. Bu chòir slatan-tomhais airson litearrachd is àireamhachd an cleachdadh mar thaic do bhreithneachadh proifeiseanta thidsearan air coileanadh ìre. Ann an raointean eile den churraicealam, tha slatan-tomhais a' cur taic ri tidsearan agus luchd-cleachdaidh eile gu tuigse cho-roinnte a thaobh inbhean agus na h-ath cheumannan ann an ionnsachadh chloinne a chomharrachadh. Thig fianais air adhartas agus coileanadh bho mheasgachadh de stòran, a' gabhail a-steach:

- amharc ionnsachadh bho latha gu latha sa chlasrum, seòmar-cluiche no àrainn obrach;
- amharc agus ais-fhiosrachadh bho ghnìomhan ionnsachaidh a tha a' gabhail àite ann an àrainneachdan eile, mar eisimpleir air a' bhlàr a-muigh no aig greisean gnìomhachais;
- obair-cùrsa, a' gabhail a-steach dheuchainnean;
- còmhradhean ionnsachaidh; agus
- measadh iomlanach ùineach air a phlanadh

Slatan-tomhais ann an raointean curraicealaim

Tha slatan-tomhais anns gach raon den churraicealam air an deilbh gu bhith sgiobalta agus ruigsinneach, le gu leòr de fhiosrachadh mionaideach airson nan inbhean a chonaltradh, a thathar a' sùileachadh mu choinneamh gach ìre den churraicealam.

Bu chòir do thidsearan agus luchd-cleachdaidh eile tarsainn ionadan tràth-ionnsachaidh is cùram-chloinne agus bun-sgoiltean tarraing air na Slatan-tomhais gus an t-eòlas, tuigse, sgilean airson ionnsachadh agus beatha is obair a mheasadh, a tha clann a' leasachadh anns gach raon den churraicealam.

Ann an àrd-sgoiltean, bidh Slatan-tomhais a' cur taic ri tidsearan speisealtach chuspairean ann a bhith a' dèanamh mheasaidhean làidir air adhartas luchd-ionnsachaidh agus na h-inbhean a tha iad a' coileanadh. Cuidichidh iad tidsearan gu a dhèanamh cinnteach gu bheil luchd-ionnsachaidh a' dèanamh roghainnean iomchaidh agus gu bheil iad air an cur air adhart aig ìre iomchaidh airson Teisteanasan Nàiseanta an ìre as àirde. Seachainnidh seo eallach-obrach a tha tuilleadh 's a' chòir do thidsearan agus measaidhean neo-riatanach do luchd-ionnsachaidh. Mar eisimpleir, bu chòir do luchd-ionnsachaidh a bhith air Eòlasan agus Builean buntainneach na Ceathramh ìre a choileanadh mus tòisich iad air teisteanasan Nàiseanta 5. Bu chòir do sgoiltean cunntas cùramach a ghabhail air an seo nuair a thathar ag aontachadh roghainnean do ÀS4. Bu chòir Slatan-tomhais a chleachdadh airson cuideachadh leis na beachdachaidhean cudromach sin.

Litearrachd agus Àireamhachd

Ann an litearrachd agus àireamhachd, tha Slatan-tomhais a' cur taic ri breithneachadh proifeiseanta thidsearan a thaobh coileanadh ìre. Bidh breithneachaidhean proifeiseanta thidsearan air an cruinneachadh agus air am foillseachadh aig ìrean nàiseanta, ionadail agus sgoile. Tha e cudromach gu bheil na breithneachaidhean sin làidir agus earbsach. Cha ghabh seo a choileanadh ach tro riaghailteachd èifeachdach air planadh ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh.

- Tha coileanadh air ìre stèidhichte air breithneachadh proifeiseanta thidsearan, air a dheagh fhiosrachadh tro raon fharsaing de fhianais. Bu chòir Slatan-tomhais a chleachdadh airson ath-sgrùdadh a dhèanamh air an raon de fhianais a chaidh a chruinneachadh gus a dhearbhadh gu bheil an inbhe a bhathar a' sùileachadh air a coileanadh, agus gu bheil an neach-ionnsachaidh air:
- **leud** ionnsachaidh a choileanadh tarsainn an eòlais, an tuigse agus na sgilean mar a tha iad air am mineachadh ann an Eòlasan agus Builean don an ìre;
- dèiligeadh cunbhalach math leis an ìre de **dhùbhlán** a tha air a mhineachadh ann an Eòlasan agus Builean don an ìre agus air gluasad air adhart gu ionnsachadh aig an ath ìre ann an cuid de thaobhan; agus
- air **gnìomhachadh** a thaisbeanadh de na tha iad air ionnsachadh ann an suidheachaidhean ùra agus coimheach.

Chan eil e riatanach do luchd-ionnsachaidh maighstireachd a thaisbeanadh air gach taobh fa leth de dh'ionnsachadh taobh a-staigh Slatan-tomhais aig ìre shònraichte agus mus gluaisear air adhart chun na h-ath ìre. Ach, tha e cudromach nach eil beàrnan mòra sambith ann an ionnsachadh chloinne is dhaoine òga nuair a thathar a' coimhead tarsainn nam prìomh eagraichean anns gach raon den churraicealam.

Planadh ionnsachadh, teagasg agus measadh a' cleachdadh nan Slatan-tomhais

A thuilleadh air [Aithris do Luchd-cleachdaidh a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais \(CfE\)](#) bho Àrd-Sgrùdaire Foghlaim na Banrigh, An Lùnastal 2016, mu adhbhar agus cleachdadh Slatan-tomhais, bu chòir do thidsearan agus luchd-cleachdaidh eile a' chomhairle a leanas a thoirt fa-near.

PRÌOM H THEACHDAIREACHDAN – DE NITHEAR	PRÌOM H THEACHDAIREACHDAN – DE NACH DÈANAR
<ul style="list-style-type: none"> • Iomradh a thoirt air na Slatan-tomhais iomchaidh mar thaic do bhreithneachaidhean air adhartas agus coileanadh chloinne is dhaoine òga air ìre ann an litearrachd agus àireamhachd. 	<ul style="list-style-type: none"> • Seachain fòcas neo-riatanach air Slatan-tomhais fa leth a dh'fhaodadh toradh ann an cus measaidh no cus clàraidh air adhartas chloinne.
<ul style="list-style-type: none"> • Fàs eòlach air Slatan-tomhais raointean eile den churraicealam rè ùine. 	<ul style="list-style-type: none"> • Seachain an riatanas air a bhith a' tional tuilleadh 's a' chòir de fhianais airson coileanadh luchd-ionnsachaidh a mheasadh.
<ul style="list-style-type: none"> • Slatan-tomhais a chleachdadh gus cuideachadh le dearbhadh a bheil luchd-ionnsachaidh a' dèanamh adhartas freagarrach a dh'ionnsaigh nan slatan-tomhais nàiseanta a thathar a' sùileachadh, agus am fianais a chleachdadh airson nan ath cheumnanan dùbhlach ann an ionnsachadh, a phlanadh. 	<ul style="list-style-type: none"> • Na tòisich a' dèanamh bhreithneachaidhean air ìrean curraicealaim anns na raointean uile den churraicealam – cùm ri litearrachd agus àireamhachd.
<ul style="list-style-type: none"> • Slatan-tomhais litearrachd agus àireamhachd a chleachdadh mar thaic do bhreithneachadh iomlan air an uair a tha neach-ionnsachaidh air ìre agus adhartas a ruighinn taobh a-staigh ìre. 	<ul style="list-style-type: none"> • Na cruthaich dòighean mì-choltach no mionaideach air sgrùdadh no tracadh. • Na bi a' measadh Slatan-tomhais fa leth. Planaig measadh ùineach is iomlanach air ionnsachadh chloinne is dhaoine òga.
<ul style="list-style-type: none"> • Slatan-tomhais a dheasbad taobh a-staigh agus tarsainn sgoiltean gus tuigse cho-roinnte a ruighinn de na h-inbhean nàiseanta a thathar a' sùileachadh tarsainn raointean a' churraicealaim. 	<ul style="list-style-type: none"> • Na comharraich, na sgrùd agus na lean Slatan-tomhais fa leth.

Slàinte agus Sunnd Thràth-Ìrean (Foghlam Corporra)

		Eòlasan agus Builean airson ionnsachadh, teagasg agus measadh a phlanadh	Slatan-tomhais mar thaic do bhreithneachadh proifeiseanta luchd-cleachdaidh air coileanadh ìre
Comasan Corporra	Mothachadh Corporra		<ul style="list-style-type: none"> • Nochdadh mothachadh do fharsaingeachd phearsanta ('s e sin, far a bheil an corp a' stad agus an fharsaingeachd a' tòiseachadh). • Glusad aig diofar astaran, ìrean agus taobhan còmhla ri feadhainn eile ann am farsaingeachd ainmichte. • Nochdadh mothachadh do phàirtean den bhodhaig agus suidheachaidhean bodhaig nuair a thathar a' coileanadh raon de dhiofar ghluasadan.
	Cothromachd agus Smachd	<p>Tha mi ag ionnsachadh mo bhodhaig a ghluasad gu math, a' sgrùdadh mar a stiùireas mi agus a chumas mi smachd air agus a' faighinn a-mach mar a chleachdas agus a roinneas mi farsaingeachd.</p> <p style="text-align: center;">HWB 0-21a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Nochdadh smachd air farsaingeachd phearsanta agus pàirtean den bhodhaig ann an gluasad. • Cumail cothromachd ann an diofar chumaidhean agus a' cumail cothromachd ann an gluasad. • Tòiseachadh ag obrachadh nithean mar phàirt de chluich bhrioghmhor.
	Co-òrdanachadh agus Sùbailteachd		<ul style="list-style-type: none"> • Ceangal ghluasadan còmhla (glusad bodhaig no pàirtean den bhodhaig ann an òrdugh). • Tòiseachadh a' gluasad le adhbhar. • Tòiseachadh a' leasachadh eòlais is tuigse do cò ris a tha gluasad càileachdail coltach agus mar a tha e a' faireachdainn.
	Ruitheam agus Timeachadh	<p>Tha mi a' leasachadh mo sgilean gluasaid tro chleachdadh agus cluich brioghmhor.</p> <p style="text-align: center;">HWB 0-22a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Taisbeanadh mar a chleachdar pàtranan ath-ghluasaid gus sreathan-leanmhainn a chruthachadh, mar eisimpleir, aon chas gu dà chas a' leum. • Freagairt le gluasad, mar eisimpleir, leum-bas-buail-tionndaidh ri ruitheam, buille, ceòl, facail aithnichte.
	Sgilean Gluasaid M'òra agus Beaga		<ul style="list-style-type: none"> • Coileanadh co-phàirtean bunasach de ghluasad, mar eisimpleir, ruith, leum, galapadh, gluasad cuideam bho aon chas gu cas eile.

			<ul style="list-style-type: none"> • Tòiseachadh a' coileanadh sgilean gluasaid ann an sreath-leanmhainn, mar eisimpleir, glac nì le dà làimh. • Tòiseachadh a' taisbeanadh co-òrdanachadh sùla/làimhe agus sùla/coise a tha riatanach airson sgilean gluasaid, mar eisimpleir, cuir an nì bho aon làimh gu an làimh eile.
Sgilean Inntinn	<p>Fòcas agus Dlùth-aire</p> <p>Aithneachadh Nì</p> <p>Smaoineachadh Sreath-leanmhainneach</p> <p>Prìomhachadh</p> <p>Tighinn gu Co-dhùnaidhean</p> <p>Ioma-ghiullachd</p> <p>Fuasgladh Cheistean</p> <p>Cruthachalachd</p>	<p>Tha mi ag ionnsachadh mo bhodhaig a ghluasad gu math, a' sgrùdadh mar a stiùireas mi agus mar a chumas mi smachd air, agus a' faighinn a-mach mar a chleachdas agus a roinneas mi farsaingeachd.</p> <p style="text-align: center;">HWB 0-21a</p> <p>Tha mi a' leasachadh mo sgilean gluasaid tro chleachdadh agus cluich brìoghmhor.</p> <p style="text-align: center;">HWB 0-22a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Cuimseachadh air an obair agus a' cumail dlùth-aire air brosnachaidhean, mar eisimpleir, stiùireadh bho neach-cleachdaidh. • Ag aithneachadh shoidhnichean air an taobh a-muigh a tha ag iarraidh freagairt sa bhad, mar eisimpleir, tòiseachadh is stad. • Cuimhneachadh stiùireadh sìmplidh dà-cheumach, mar eisimpleir, bunsadh a' bhall agus ag atharrachadh cùrsa. • Ag obrachadh a-mach an òrdugh airson dèiligeadh le fiosrachadh (no gnìomhan-obrach). • Dèanamh ghnìomhan-obrach a-rithist ann an sreath a chèile. • Tighinn gu co-dhùnaidhean mar fhreagairt do ghnìomhan-obrach sìmplidh, mar eisimpleir, a bhith aithnichte mu thòiseachadh is stad. • Ag èisteachd ri agus a' dèanamh ciall de dhà/trì pìosan fiosrachaidh, mar eisimpleir, bunsadh a' bhall agus a' gluasad air adhart. • Cleachdadh fiosrachadh ro-làimh agus a' comharrachadh prìomh fhiosrachadh gus cuideachadh le tighinn gu fuasgladh. • Gluasad mar fhreagairt do mheasgachadh de bhrosnachaidhean. • Taisbeanadh mac-meanmhainn tro chluich brìoghmhor.

Feartan Pearsanta	Togradh		<ul style="list-style-type: none"> • Com-pàirteachadh le dìoghras. Faighinn tlachd à dùbhlán. • Stèidheachadh thargaidean ann an gnìomhachdan simplidh. • Toirt iomradh air an adhbhargumbidaoine a' com-pàirteachadh ann an gnìomhachd chorporra, mar eisimpleir, airson spòrs.
	Misneachd agus Fèin-spèis	<p>Tha mi a' leasachadh mo sgilean gluasaid tro chleachdadh agus cluich brioghmhor.</p> <p style="text-align: center; color: #4CAF50;">HWB 0-22a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Leasachadh mothachaidh de fèin agus fèin-earbsa a tha a' sìor fhàs ann an dèiligeadh le suidheachaidhean ùra. • Deasbad ionnsachaidh le taic inbhich, agus a' toirt iomradh air nithean as toil agus nach toil. • Freagairt agus cur ri fèin-mheasadh agus measadh chomhaoisean le spèis. • Comharrachadh, cur luach air agus cleachdadh choileanaidhean gus na h-ath cheumnan a thogail.
	Diongmhaltas agus Fulangas	<p>Tha mi mothachail air m' fheuman agus air m' fhaireachdainnean fhìn is dhaoine eile, gu h-àraid nuair a bhithear a' gabhail turas mu seach agus a' roinn ghoireasan. Tha mi a' tuigsinn an fheum air riaghailtean a leantainn.</p> <p style="text-align: center; color: #4CAF50;">HWB 0-23a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Ag ionnsachadh a bhith mar dheagh bhuannaiche agus dèiligeadh gu h-iomchaidh le call. • Cumail aig an obair a dh'fhaodadh a bhith a' coimhead dùbhlànach aig an toiseach, airson soirbheachadh a choileanadh. • Comharrachadh agus nochdadh cuid de fhaireachdainnean ann an dòigh iomchaidh, mar eisimpleir, toilichte/brònach agus a' tuigsinn mar a dh'fhaodadh iad buaidh a thoirt air giùlain.
	Dleastanas agus Ceannardas	<p>Le bhith a' rannsachadh 's ag amharc air gluasad, is urrainn dhomh iomradh a thoirt air na dh'ionnsaich mi ma dheidhinn.</p> <p style="text-align: center; color: #4CAF50;">HWB 0-24a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Gabhail ri stiùireadh bho inbheach no comhaois. • Sireadh cuideachaidh iomchaidh. • Tòiseachadh a' cleachdadh fèin-smachd ann an coileanadh ghnìomhan simplidh. • Gabhail air diofar dhleastanasan ann an obair fa leth no mar phàirt de bhuidheann. • Dèanamh thaghadhean mu dheidhinn ionnsachaidh is cluich ann am measgachadh de cho-theacsan • Roinn le càch agus a' nochdadh aire do chàch aig àm cluiche lùthmhor. • Mothachail do bheachdan, smuaintean agus faireachdainnean chàich. • Gabhail thursan le càch gus uidheama chleachdadh gu
Spèis agus Fulangas			

	Conaltradh		<p>sàbhailte.</p> <ul style="list-style-type: none"> • Leasachadh comas air cuin a bu chòir èisteachd agus cuin a dh'fhaodar bruidhinn ann an eadar-obrachadh le càch. • Cleachdadh fhacail agus/no gluasadan bodhaig airson beachdan, smuaintean agus faireachdainnean a nochdadh.
Fallaineachd Chorporra	Bunaiteas Luaths Bun-Sheasmachd agus Neart Sùbailteachd	<p>Tha mi a' leasachadh mo sgilean gluasaid tro chleachdadh agus cluich brioghmhor.</p> <p>HWB 0-22a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Cumail suas ìrean lùthmhor cluiche/gnìomhachd. • Ag aithneachadh diofar phàirtean den bhodhaig a dh'fheumar airson gnìomhachd lùthmhor a chumail suas. • Comharrachadh diofar dhòighean air a bhith gnìomhach gu corporra. • Toirt iomradh air mar a tha an corp ag atharrachadh nuair a thathar an sàs ann an gnìomhachd a tha meadhanach sgairteil. • Glusad aig diofar luaths – slaodach, cothromach agus luath. • Glusad pàirtean den bhodhaig aig diofar luaths. • Tòiseachadh agus stad gu luath. • Tuigsinn luaths ann an teirmean sìmplidh. • Leasachadh smachd air giùlan ann an coileanadh ghnìomhan corporra. • Glusad le smachd agus a' cumail cumadh. • Cumail truimead bodhaig / suidheachadh stòlda airson ùineachan goirid. • Glusad le saorsainn tarsainn raon làn de ghluasadan.

Slàinte agus Sunnd Ciad Ìre (Foghlam Corporra)

		Eòlasan agus Builean airson ionnsachadh, teagasg agus measadh a phlanadh	Slatan-tomhais mar thaic do bhreithneachadh proifeiseanta luchd-cleachdaidh air coileanadh ìre
Comasan Corporra	Mothachadh Corporra	<p>Tha mi a' lorg mar a chuireas mi gnìomhan is sgilean ri chèile gus pàtrain is sreathan gluasaid a dhèanamh. Tha seo air mo bhrosnachadh gus mo sgilean a chleachdadh agus a thoirt air adhart airson gum bi barrachd smachd agus saorsa gluasaid agam.</p> <p style="text-align: center;">HWB 1-21a</p> <p>Tha mi a' leasachadh sgilean agus altan agus a' dèanamh m' ìre coileanaidh nas fheàrr.</p> <p style="text-align: center;">HWB 1-22a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Nochdadh mothachadh don fharsaingeachd mun cuairt orra agus farsaingeachd chàich, agus a' tòiseachadh a' cleachdadh an fhiosrachaidh seo airson smachd a chur air gluasadan. • Taisbeanadh smachd air gluasad ann am farsaingeachd phearsanta agus roinnte, a' gabhail a-steach atharrachaidhean ann an luaths, slighe agus ìre. • Nochdadh mothachadh do phàirtean den bhodhaig agus suidheachaidhean bodhaig ann an coileanadh raon de dhiofar ghluasadan. • Ag obrachadh pàirtean den bhodhaig nuair a thathar a' gluasad le adhbhar. • Cumail cothromachd ann an diofar chumaidhean le agus às aonais uidheam agus a' toirt iomradh air dè a chuidicheas le cothromachda chumail suas. • Ag obrachadh le nithean agus a' cumail cothromachd, mar eisimpleir, faighinn agus tilgeil ball leis a' chas as fheàrr. • Ceangal agus òrdachadh sreath de ghluasadan le agus às aonais uidheam gus ruith de nithean a choileanadh, mar eisimpleir, hopscotch. • Gluasad le adhbhar agus a' taisbeanadh cothromachd, smachd agus ruitheam. • Taisbeanadh eòlais agus tuigse do cò ris a tha gluasad math coltach agus ciamar a tha e a' faireachdainn. • Taisbeanadh mar a chleachdar pàtranan gluasaid a-rithist agus a-rithist gus ruithean simplidh a chruthachadh, mar eisimpleir, leum le aon chas gu dà chois. • Gluasad bodhaig/pàirtean den bhodhaig no nithean mar fhreagairt do chiutha sònraichte gus luaths iomchaidh a
	Cothromachd agus Smachd		
	Co-òrdanachadh agus Sùbailteachd		
	Ruitheam agus Timeachadh		
	Sgilean Gluasaid M'òra agus Beaga		

			<p>chruthachadh, mar eisimpleir, sreath de leum air leth-chas 1-2-3.</p> <ul style="list-style-type: none"> • Coileanadh sgilean gluasaid ann an gnìomhachdan sìmplidh, mar eisimpleir, sgiobadh. • Coileanadh sgilean gluasaid ann an sreath, mar eisimpleir, leum bho bheing agus a' cumail cothromachd a' tighinn sìos gu socair. • Taisbeanadh co-òrdanachadh sùla/làimhe agus sùla/coise a dh'fheumar airson sgilean gluasaid, mar eisimpleir, leantainn slighe buill leis na sùilean agus an uair sin ga ghlacadh.
Sgilean Inntinn	<p>Fòcas agus Dlùth- aire</p> <p>Aithneachadh Nì</p> <p>Smaoineachadh Sre ath- leanmhainneach</p> <p>Prìomhachadh</p> <p>Tighinn gu Co- dhùnaidhean</p> <p>Ioma-ghiullachd</p> <p>Fuasgladh</p>	<p>Tha mi a' lorg mar a chuireas mi gnìomhan is sgilean ri chèile gus pàtrain is sreathan gluasaid a dhèanamh. Tha seo air mo bhrosnachadh gu mo sgilean a chleachdadh agus a dhèanamh nas fheàrr, gus smachd agus sruth a leasachadh.</p> <p style="text-align: center;">HWB 1-21a</p> <p>Tha mi a' leasachadh sgilean agus altan agus a' dèanamh m' ìre coileanaidh nas fheàrr.</p> <p style="text-align: center;">HWB 1-22a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Cuimseachadh aire ann an suidheachaidhean nas duilghe, mar eisimpleir, ag obair le companach no ann am buidheann beag. • Tuigsinn agus freagairt chiuthan a-staigh agus a-muigh aig an aon àm, mar eisimpleir, leantainn an stiùiriche. • Planadh agus cruthachadh sreath de ghnìomhan, mar eisimpleir, bunsadh a' bhuill trì tursan, an uair sin ag atharrachadh slighe agus mar a tha thu a' siubhal leis a' bhall. • Tarraing air cuid de dh'eòlas ro-làimh gus an t-òrdugh obrachadh a-mach airson dèiligeadh gu luath le fiosrachadh (no gnìomhan obrach). Dèanamh nan gnìomhan obrach a-rithist san t-sreath cheart le barrachd mionaideachd. • Tighinn gu co-dhùnaidhean nuair a gheibhear a dhà no trì diofar roghainnean agus comasach air mìneachadh carson. • Tuigsinn agus dèanamh ciall de dhà no trì phìosan fiosrachaidh aig an aon àm bho stòran a-muigh agus/no stòran a-staigh, mar eisimpleir 'Tha Simon Ag Ràdh'.

	<p>Cheistean</p> <p>Cruthachalachd</p>		<ul style="list-style-type: none"> • Taisbeanadh comas air atharrachadh ann an lorg diofar fhuasglaidhean do cheistean. • Cothlamadh ghnìomhan gus sreathan gluasaid a chruthachadh gu neo-eisimeileach agus còmhla ri càch mar fhreagairt do bhrosnachaidhean, mar eisimpleir, ceòl, facail. • Taisbeanadh liut, tùsachd agus mac-meanmhainn aig àm coileanaidh.
<p>Fearan Pearsanta</p>	<p>Togradh</p> <p>Misneachd agus Fèin-spèis</p> <p>Diongmhaltas agus Fulangas</p> <p>Dleastanas agus Ceannardas</p>	<p>Tha mi a' leasachadh sgilean agus altan agus a' dèanamh m' ìre coileanaidh nas fheàrr. HWB 1-22a</p> <p>'S urrainn dhomh riaghailtean agus dòighean obrachaidh a leantainn agus a thuigsinn, a' toirt air adhart mo chomais air amasan pearsanta a choileanadh. Tha mi a' tuigsinn agus a' gabhail ri diofar dhleastanasan ann an raon de ghnìomhan practaigeach. HWB 1-23a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Sealltainn dìoghras mu choinneamh com-pàirteachaidh. Gabhail tlachd à bhith dùbhланаichte. • Tuigsinn agus freagairt do thogradh an dà chuid a-staigh agus a-muigh, airson: <ul style="list-style-type: none"> ○ targaidean a stèidheachadh ○ amasan pearsanta a choileanadh ○ leasachadh coileanaidh • Comharrachadh agus toirt iomradh air adhbharan gum bi daoine a' com-pàirteachadh ann an gnìomhachd chorporra, mar eisimpleir, airson spòrs, a bhith fallain, amasan fa leth a shuidheachadh no a bhith mar phàirt de bhuidheann. • Mothachadh deimhinneach de fhèin mar a bhios comasachdan corporra a' leasachadh. • Deasbad ionnsachaidh agus a' comharrachadh neartan agus na h-ath cheumannan. • Freagairt agus a' cur ri fèin-mheasadh agus measadh chomhaoisean le spèis. • Comharrachadh, cur luach air agus a' cleachdadh choileanaidhean mar phàirt de leasachadh air coileanadh. • Comharrachadh agus deasbad air a bhith mar dheagh bhuannaiche agus dèiligeadh gu h-ìomchaidh le call. • Taisbeanadh leanailteachd mu choinneamh dùbhlain agus ag obair a dh'ionnsaigh buil shoirbheachail a choileanadh. • Tuigsinn measgachadh de fhaireachdainnean agus a' leasachadh comais air an làimhseachadh gu h-ìomchaidh. • Taisbeanadh deisealachd leantainneach airson

	<p>Spèis agus Fulangas</p> <p>Conaltradh</p>	<p>'S urrainn dhomh adhartas agus coileanadh aithneachadh le bhith a' bruidhinn air mo smuaintean agus a' toirt seachad mo bheachdan agus a' gabhail ri beachdan dhaoine eile.</p> <p>HWB 1-24a</p>	<p>ionnsachadh agus a' leasachadh sgilean planaidh is eagrachaidh.</p> <ul style="list-style-type: none"> • Leasachadh raon de ro-innleachdan gus fèin-smachd a mheudachadh ann an coileanadh gu neo-eisimeileach agus/no le càch. • Cleachdadh measgachadh de dhleastanasan a tha a' leantainn gu builean soirbheachail. • Comharrachadh agus deasbad dleastanas stiùiriche agus na h-uallaichean co-cheangailteris. • Taisbeanadh mar a ghabhar càch a-steach nuair a thathar a' dèanamh ghnìomhan gluasaid. • Conaltradh gu deimhinneach le càch airson uidheama chleachdadh gu sàbhailte agus gu cothromach. • Ag èisteachd ri agus freagairt bheachdan, smuaintean agus fhaireachdainnean chàich le spèis. Freagairt gu h-iomchaidh, mar eisimpleir, ag aontachadh, faighneachd agus freagairt cheistean. • Taisbeanadh eòlais agus tuigse do raon de sgilean conaltraidh labhairteach is neo-labhairteach agus a' tòiseachadh gan cur an sàs nuair a thathar ag eadar-obrachadh le no a' taisbeanadh do chàch, mar eisimpleir, cleachdadh glacadh sùla, cànan bodhaig agus gluasadan bodhaig.
<p>Fallaineachd Chorporra</p>	<p>Bunaiteas</p> <p>Luaths</p>	<p>Tha mi a' leasachadh m' ìre coileanaidh is fallaineachd.</p> <p>HWB 1-22a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Com-pàirteachadh ann an gnìomhachd chorporra a tha meadhanach sgairteil agus a' cumail suas ìre gnìomhachd a tha dùbhlach. • Toirt iomradh air mar a tha an corp a' faireachdainn aig àm agus às dèidh gnìomhachd sheasmhach. • Toirt iomradh ann am facail shimplidh air na h-adhbharan gum bi daoine a' com-pàirteachadh ann an gnìomhachd chorporra. • Stèidheachadh thargaidean airson gnìomhachd chorporra meadhanach sgairteil a chumail suas. • Taisbeanadh tuigse do bhunaiteas ann am facail shimplidh agus mar a tha buaidh aige air slàinte agus comas coileanaidh.

	<p>Bun-Sheasmachd agus Neart</p> <p>Sùbailteachd</p>		<ul style="list-style-type: none"> • Gluasad aig diofar luaths agus comasach air cothromachd a chumail suas agus ag atharrachadh cùrsa gu luath aig an aon àm. • Taisbeanadh oidhirpean goirid de ghluasad luath bho stòldachd. • Gluasad pàirtean den bhodhaig a' cleachdadh diofar luaths agus neart. • Taisbeanadh tuigse do luaths ann am facail shìmplidh agus mar a tha buaidh aige air comas coileanaidh. • Taisbeanadh smachd giùlain nuair a thathar a' tòiseachadh, a' stad agus ag atharrachadh cùrsa. • Toirt iomradh air far a bheil 'eitean' agus a' taisbeanadh mar a tha e a' cur taic ris a' bhodhaig. • Cumail truimead bodhaig ann am measgachadh de shuidheachaidhean. • Cleachdadh raon làn de ghluasad gus gnìomhachdana choileanadh gu h-èifeachdach. • Taisbeanadh tuigse do shùbailteachd ann am facail shìmplidh agus mar a tha buaidh aige air a' bheatha làitheil agus comas coileanaidh.
--	--	--	--

Slàinte agus Sunnd Dàrna Ìre (Foghlam Corporra)

		Eòlasan agus Builean airson ionnsachadh, teagasg agus measadh a phlanadh	Slatan-tomhais mar thaic do bhreithneachadh proifeiseanta luchd-cleachdaidh air coileanadh ìre
Comasan Corporra	Mothachadh Corporra	<p>Mar a bhios mi a' coinneachadh ri dùbhlain agus co-theacsan ionnsachaidh ùra, tha mi air mo bhrosnachadh agus mo chuideachadh gus sealltainn mo chomais a thaobh sgilean agus ro-innleachdan gluasaid a thaghadh, atharrachadh agus a chur an gnìomh ann an dòigh chruthachail, cheart agus fo smachd.</p> <p style="text-align: right;">HWB 2-21a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Glusad gu h-èifeachdach ann am farsaingeachd phearsanta agus roinnte. • Coileanadh agus grinneachadh gluasaid le cuimse air càileachd, a' cleachdadh diofar luaths / slighean / ìrean. • Mothachail bhon taobh a-staigh do phàirtean den bhodhaig agus a' cleachdadh cumaidhean bodhaig gu h-èifeachdach ann am measgachadh de shuidheachaidhean dùbhlanaich. • A' dèanamh dealachadh eadar gluasadan de dhiofar phàirtean den bhodhaig, le cuimse air càileachd, mar eisimpleir, roiligidh sgarte, stiùireadh an toiseach leis a' cheann air a leantainn leis na guailnean agus an uair sin ìochdar-na-bronna. • Co-cheangal agus cur an sàs cothromachd socrach agus innsginneach le agus às aonais uidheam aig diofar luaths, thaobhan agus ìrean, mar eisimpleir, seachnadh agus gluasadan mas fhìor. • Ag obrachadh nithean agus a' cumail cothromachd airson nam builean a thathar a' sireadh fhaotainn, mar eisimpleir, atharrachadh batan ann an rèis phàirteach. • Coileanadh sreath de ghluasadan sa bheil toiseach, meadhan agus deireadh soilleir le siùbhlachd a tha a' sìor fhàs, mar eisimpleir, roiligidh gu aon taobh air a leantainn le roiligidh air adhart. • Glusad le adhbhar agus misneachd, a' taisbeanadh cothromachd, smachd agus ruitheam. • Mìneachadh cò ris a tha gluasad deagh-ghnè coltach agus mar a tha e a' faireachdainn, gus cuideachadh le coileanadh a mhion-atharrachadh agus a leasachadh.
	Cothromachd agus Smachd		
	Co-òrdanachadh agus Sùbailteachd		
	Ruitheam agus Timeachadh	<p>Tha mi a' cleachdadh, a' daingneachadh agus a' cur loinn air mo sgilean airson cur ri mo chomas.</p> <p style="text-align: right;">HWB 2-22a</p>	
	Sgilean Gluasaid		

	<p>M òra agus Beaga</p>		<ul style="list-style-type: none"> • Cruthachadh sreathan de ghluasad a' cleachdadh measgachadh de bhrosnachaidhean le cuimse air deagh-ghnè. • Cumail suas ruitheam le agus às aonais uidheam, mar eisimpleir, tilg agus gluais agus a' cumail seilbh air a' bhall. • Coileanadh ghnìomhan a tha ag iarraidh eadar-ghluasad bho aon ìre gu ìre eile, mar eisimpleir, roiligeadh air adhart gu leum dìreach. • Coileanadh sgilean gluasaid le misneachd, mar eisimpleir, cleachdadh obair-coise gnìomhach gus gluasad gu farsaingeachd airson amball-lìn a ghlacadh. • Coileanadh sgilean gluasaid le misneachd ann an sreath leantainneach, mar eisimpleir, cumail a' bhuill suas le caman/racaid. • Taisbeanadh co-òrdanachadh sùla/làimhe agus sùla/coise airson sgilean gluasaid a ghnìomhadh, mar eisimpleir, bualadh ball le caman no breabadh ball a dh'ionnsaigh targaid.
<p>Sgilean Inntinn</p>	<p>Fòcas agus Dlùth- aire</p> <p>Aithneachadh Nì</p> <p>Smaoineachadh Sreath- leantainneach</p> <p>Prìomhachadh</p> <p>Tighinn gu Co- dhùnaidhean</p>	<p>Mar a bhios mi a' coinneachadh ri dùbhlain agus co-theacsan ionnsachaidh ùra, tha mi air mo bhrosnachadh agus mo chuideachadh gus sealltainn mo chomais a thaobh sgilean agus ro-innleachdan gluasaid a thaghadh, atharrachadh agus a chur an gnìomh ann an dòigh chruthachail, cheart agus fo smachd.</p> <p style="text-align: right;">HWB 2-21a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Làimhseachadh fhreagairtean bras airson fuireach cuimsichte air a' ghnìomh agus buairidhean a shìoladh às, mar eisimpleir, gabhail cothrom air tadhal ann amball-lìn le neach-dìon air beulaibh an lìn. • Tuigsinn raon de chiuthan agus a' tòiseachadh a' prìomhachadh iadsan a dh'fheumar a fhreagairt an toiseach. • Planadh sreath de thrì no barrachd ghnìomhan gus dèiligeadh le dùbhlain gluasaid shìmplidh. • Tuigsinn cudromachd mhòmaidean sònraichte no gnìomhan ann an sreath. Tarraing air eòlas ro-làimh gus òrdugh èifeachdach a thaghadh a tha a' cur ri coileanadh soirbheachail. • Tighinn gu co-dhùnaidhean nuair a tha measgachadh nas

	<p>Ioma-ghiullachd</p> <p>Fuasgladh Cheistean</p> <p>Cruthachalachd</p>	<p>Tha mi a' cleachdadh, a' daingneachadh agus a' cur loinn air mo sgilean airson cur ri mo chomas.</p> <p style="text-align: right;">HWB 2-22a</p>	<p>motha de roghainnean ri fhaotainn agus ag innse carson.</p> <ul style="list-style-type: none"> • Toirt a-steach agus a' dèanamh ciall de ghrunn phiosan fiosrachaidh aig an aon àm, bho àireamh de dhiofar stòran a tha a' cur ri coileanadh soirbheachail. • Atharrachadh phlanaichean eile, sgilean gluasaid agus ro-innleachdan gus fuasgladh a ghineadh agus mineachadh carson is e as èifeachdaiche. • Cruthachadh agus atharrachadh shreathan gluasaid gu neo-eisimeileach agus còmhla ri càch, mar fhreagairt do bhrosnachaidhean. • Taisbeanadh liut, tùsachd agus mac-meanmhainn a tha a' cur ri coileanadh deagh-ghnè.
<p>Feartan Pearsanta</p>	<p>Togradh</p> <p>Misneachd agus Fèin-spèis</p> <p>Diongmhaltas agus Fulangas</p>	<p>Tha mi a' cleachdadh, a' daingneachadh agus a' cur loinn air mo sgilean airson cur ri mo chomas.</p> <p style="text-align: right;">HWB 2-22a</p> <p>Nuair a bhios mi ag obair agus ag ionnsachadh còmhla ri daoine eile, tha mi a' cur ri mo raon sgilean, a' sealltainn comas planaidh agus a' coileanadh nan amasan a chuir mi romham.</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Fèin-thograichte ann an dùbhlain gluasaid agus a' taisbeanadh èifeachdan deimhinneach. • Suidheachadh agus gnìomhachadh amasan pearsanta stèidhichte air eòlas is tuigse do na tha e a' ciallachadh a bhith a' coileanadh gu math. • Mineachadh fheartan a tha a' toirt buaidh air com-pàirteachadh ann an gnìomhachd chorporra, mar eisimpleir, seasamh, ruigsinneachd, roghainn phearsanta agus/no teaghlach. • Taisbeanadh tuigse gu bheil dleastanas oirnn càch a bhrosnachadh. • Taisbeanadh fèin-earbsa nuair a tha dùbhlain gluasad romhainn ann an àrainneachdan cleachdaidh is coileanaidh eòlach agus an-eòlach. • Tòiseachadh agus ag obair gu co-obrachail le càch, a' solarachadh taic agus misneachadh. • Fèin-mheasadh agus ag obair mar mheasadair chomhaoisean gus ais-fhiosrachadh feumail a thoirt seachad airson coileanadh a leasachadh. • Comharrachadh, cur luach air agus a' cleachdadh euchdan mar phàirt de leasachadh is adhartas.

	<p>Dleastanas agus Ceannardas</p> <p>Spèis agus Fulangas</p> <p>Conaltradh</p>	<p>Le bhith a' beachdachadh air m' obair fhìn agus obair dhaoine eile agus ga luachadh a rèir shlatan-tomhais a tha air an aontachadh, 's urrainn dhomh adhartas agus coileanadh aithneachadh agus seo a chleachdadh airson tuilleadh adhartais a dhèanamh.</p> <p style="text-align: right;">HWB 2-24a</p>	<p style="text-align: right;">HWB 2-23a</p> <ul style="list-style-type: none"> • Comharrachadh agus deasbad ro-innleachdan mu thimcheall farpais airson dèiligeadh gu h-ìomchaidh leis na builean. • Taisbeanadh tuigse don cheangal dheimhinneach eadar oidhirp, leanailteas agus coileanadh pearsanta. • Tuigsinn a' mheasgachaidh de fhaireachdainnean a tha co-cheangailte ri coileanadh agus a' bhuaidh a th' aca air giùlain agus coileanadh. • Leasachadh comais air faireachdainnean a làimhseachadh gus coileanadh a neartachadh. • Taisbeanadh sgilean planaidh agus eagrachaidh a tha freagarrach do dh'ionnsachadh. • Comharrachadh agus cleachdadh ro-innleachdan gus fèin-smachd a mheudachadh airson coileanadh tlachdmhor fa leth agus/no còmhla ricàch. • Cleachdadh measgachadh de dhleastanasan a tha a' leantainn gu builean soirbheachail. • Taisbeanadh tuigse do dhleastanas ceannardais. • Cur ri feallsanachd in-ghabhailta, a' nochdadh spèis do chàch a chèile ann an àrainneachdan cleachdaidh is coileanaidh. • Ag èisteachd ri agus a' freagairt bheachdan, smuaintean agus fhaireachdainnean chàich, agus a' leasachadh sgilean barganachaidh ann an dèiligeadh le dùbhlain gluasaid. • Neartachadh tlachd dhaoine fa leth agus bhuidhnean ann an gnìomhachd chorpóra tro chluich cothromach. • Gabhail cunntas air beachdan chàich. A' freagairt gu h-ìomchaidh, mar eisimpleir, le bhith a' faighneachd agus a' freagairt cheistean, a' soilleireachadh phuingean agus a' togail air beachdan. • Taisbeanadh tuigse do raon de sgilean conaltraidh labhairte agus neo-labhairte agus gan cur an cèill gu h-ìomchaidh ann an àrainneachdan cleachdaidh is
--	---	---	--

			coileanaidh, mar eisimpleir, èigheach agus soidhnigeadh airson a' bhuill.
Fallaineachd Chorporra	Bunaiteas	Tha mi a' leasachadh agus a' cumail suas m' ìre fallaineachd. HWB 2-22a	<ul style="list-style-type: none"> • Taisbeanadh tuigse do mar a chumar suas gnìomhachd chorporra meadhanach sgairteil a tha a' solarachadh dùbhlain. • Taisbeanadh tuigse do reat cridhe agus mar a ghabhas e a thomhais. • Toirt iomradh air mar a ghabhas taghadh agus roghainn phearsanta buaidh a thoirt air com-pàirteachadh ann an gnìomhachd chorporra. • Stèidheachadh amasan pearsanta airson gnìomhachd chorporra meadhanach sgairteil a tha a' leantainn gu feabhas, a chumail suas. • Comharrachadh seòrsaichean de ghnìomhachd chorporra far a bheil bunaiteas aig cridhe soirbheachaidh.
	Luaths		<ul style="list-style-type: none"> • Glusad aig diofar luaths agus ag atharrachadh cùrsa gu luath le cothromachd agus smachd. • Luathachadh gu sgiobalta bho shuidheachadh gun ghluasad. • Feuchainn a-mach cleachdadh air luaths (le pàirtean den bhodhaig agus/no uidheam), mar eisimpleir, gàirdean luath ann an tilgeilball. • Stèidheachadh amasan pearsanta gu luaths a leasachadh. • Comharrachadh gnìomhachdan corporra far a bheil luaths aig cridhe soirbheachaidh.
	Bun-Sheasmachd agus Neart		<ul style="list-style-type: none"> • Taisbeanadh smachd giùlain ann an coileanadh gnìomhan corporra le cinnteachd. • Mineachadh agus taisbeanadh mar a nithear cothromachd nas seasmhaiche. • Feuchainn a-mach cleachdadh air fòrsa (le pàirtean den bhodhaig agus/no uidheam), mar eisimpleir, sùghadh a-steach fòrsa leis na h-adhbrainn, glùinean agus cruachain anns an tighinn sìos.
	Sùbailteachd	Tha mi a' leasachadh agus a' cumail suas m' ìre fallaineachd. HWB 2-22a	

			<ul style="list-style-type: none">• Stèidheachadh amasan pearsanta gus prìomh sheasmhachd agus neart a leasachadh.• Comharrachadh gnìomhachdan corporra far a bheil prìomh sheasmhachd agus neart aig cridhe soirbheachaidh.• Coileanadh raon de ghluasadan èifeachdach daineamach a tha sònraichte do gnìomhachdan corporra.• Taisbeanadh tuigse do bhuidhe sùbailteachd air a' bheatha làitheil agus a' stèidheachadh amasan pearsanta airson leasachadh.• Comharrachadh gnìomhachdan corporra far a bheil sùbailteachd aig cridhe soirbheachaidh.
--	--	--	--

Slàinte agus Sunnd Treas Ìre (Foghlam Corporra)

		Eòlasan agus Builean airson ionnsachadh, teagasg agus measadh a phlanadh	Slatan-tomhais mar thaic do bhreithneachadh proifeiseanta luchd-cleachdaidh air coileanadh ìre
Comasan Corporra	Mothachadh Corporra	Mar a bhios mi a' coinneachadh ri dùbhlain agus co-theacsan ionnsachaidh ùra, tha mi air mo bhrosnachadh agus mo chuideachadh gus sealltainn mo chomais a thaobh sgilean agus ro-innleachdan gluasaid a thaghadh, atharrachadh agus a chur an gnìomh ann an dòigh chruthachail, cheart agus fo smachd. HWB 3-21a	<ul style="list-style-type: none"> Taisbeanadh mothachadh gu cunbhalach do fhèin, do chàch agus obair shàbhailte anns na h-àrainneachdan cleachdaidh is coileanaidh. Coileanadh, atharrachadh agus grinneachadh measgachadh de ghluasadan le cuimse air deagh-ghnè, a' cleachdadh diofar luaths/slighean/ìrean. Mothachail bhon taobh a-staigh nuair a thathar a' co-òrdanachadh ghluasadan làimhe-sùla/làimhe-coise gus smachd a chumail air diofar phìosan uidheim, mar eisimpleir, tilgeil sìos ann am badmantan. Dèanamh dealachadh le smachd eadar gluasadan de dhiofar phàirtean den bhodhaig, mar eisimpleir, èaladh aghaidh. Coileanadh eadar-ghluasadan socair air cuideam le agus às aonais uidheam anns a bheil cothromachd shocrach agus daineamach. Ag obrachadh nithean le mionaideachd agus a' cumail cothromachd, mar eisimpleir, tilgeil suidhichte ann am ball-basgaid. Coileanadh sreath shiùbhlach de ghluasadan le misneachd. Taisbeanadh gluasad èifeachdach a tha a' leantainn gu builean soirbheachail. Luachadh nam prìomh eileamaidean de ghluasad a tha a' leantainn gu coileanadh deagh-ghnè. Cruthachadh shreathan de ghluasad a' cleachdadh measgachadh de bhrosnachaidhean le cuimse air càileachd. Cruthachadh agus stèidheachadh ruitheam gus cothrom
	Cothromachd agus Smachd		
	Co-òrdanachadh agus Sùbailteachd		
	Ruitheam agus Timeachadh	Tha mi a' cleachdadh, a' daingneachadh agus a' cur loinn air mo sgilean airson cur ri mo chomas. HWB 3-22a	
	Sgilean Gluasaid M'òra agus Beaga		

			<p>fhaotainn air tìmeachadh, mar eisimpleir, cur timcheall siùbhlach air an iuchair agus an cluicheadair a' gearradh chun na basgaid.</p> <ul style="list-style-type: none"> • Coileanadh ghnìomhan anns a bheil eadar-ghluasad siùbhlach bho aon ìre gu ìre eile, mar eisimpleir, sreath dannsa; leum, bualadh-bas, slaighd agus stad. • Coileanadh sgilean/altan gluasaid speisealichte le mionaideachd. • Eadar-ghluasad sgilean a chaidh ionnsachadh ann an àrainneachd aon choileanaidh gu àrainneachd dhiofraichte, mar eisimpleir, tilgeil thar-ghàirdean / tilgeil thar-chinn ann am badmantan. • Cleachdadh co-òrdanachadh sùla/làimhe agus sùla/coise mar phàirt de choileanadh sgileil.
Sgilean Inntinn	<p>Fòcas agus Dlùth-àire</p> <p>Aithneachadh Nì</p> <p>Smaoineachadh Sre ath-leannhainneach</p> <p>Prìomhachadh</p> <p>Tighinn gu Co-dhùnaidhean</p> <p>Ioma-ghiullachd</p>	<p>Mar a bhios mi a' coinneachadh ri dùbhlain agus co-theacsan ionnsachaidh ùra, tha mi air mo bhrosnachadh agus mo chuideachadh gus sealltainn mo chomais a thaobh sgilean agus ro-innleachdan gluasaid a thaghadh, atharrachadh agus a chur an gnìomh ann an dòigh chruthachail, cheart agus fo smachd.</p> <p style="text-align: right;">HWB 3-21a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Ag atharrachadh dlùth-àire gu siùbhlach bho aon ghnìomh gu gnìomh eile le bhith a' sìoladh às bhuairidhean. • Prìomhachadh an òrdugh sam bithear a' freagairt do chiuthan. • Planadh, coileanadh agus ath-sgrùdadh sreath de ghnìomhan gus dèiligeadh le dùbhlain gluasaid, mar eisimpleir, leum trìoblaichte. • Tuigsinn agus a' gnìomhadh air cudromachd 'dè an ath nì?' mar phrìomh eileamaid an taobh a-staigh sreath de ghnìomhan, mar eisimpleir, faighinn pas, gluasad mas fhìor agus an uair sin ga chur gu ball-sgioba neo-chomharraichte. • Gabhail uallach fo bhruthadh airson co-dhùnaidhean a tha a' leantainn gu coileanadh nas fheàrr. • Eadar-mhìneachadh fiosrachaidh gu luath ann an suidheachaidhean fo bhruthadh.

	<p>Fuasgladh Cheistean</p> <p>Cruthachalachd</p>	<p>Tha mi a' cleachdadh, a' daingneachadh agus a' cur loinn air mo sgilean airson cur ri mo chomas.</p> <p>HWB 3-22a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Taghadh, atharrachadh agus cur an sàs na ro-innleachd as iomchaidh ann am fuasgladh dhùbhlain gluasaid a tha eòlach agus an-eòlach. • Cruthachadh shreathan gluasaid le mionaideachd, gu neo-eisimeileach agus còmhla ricàch. • Taisbeanadh liut, tùsachd agus mac-meanmhainnle grinneachadh a tha a' sìor fhàs.
<p>Feartan Pearsanta</p>	<p>Togradh</p> <p>Misneachd agus Fèin-spèis</p> <p>Diongmhaltas agus Fulangas</p> <p>Dleastanas agus Ceannardas</p>	<p>Tha mi a' cleachdadh, a' daingneachadh agus a' cur loinn air mo sgilean airson cur ri mo chomas.</p> <p>HWB 3-22a</p> <p>Tha mi a' fàs sgileil air stiùireadh buidhne agus air aithneachadh neartan nan daoine sa bhuidheann agus mo neartan fhìn. Tha mi a' cur ri obair bhuidhnean agus sgiobaidhean tro m' eòlas air neartan dhaoine fa leth, air dòighean-obrach buidhne, agus air ro-innleachdan.</p> <p>HWB 3-23a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Fèin-thograichte agus a' taisbeanadh fèin-stiùiridh agus oidhirp dheimhinneach ann an àrainneachdan cleachdaidh is coileanaidh. • Cleachdadh raon de sgilean breithneachaidh is smaoineachaidh cruthachail gus cuideachadh le planadh agus stèidheachadh amasan gus coileanadh a leasachadh, mar eisimpleir, barganachadh agus ath-sgrùdadh. • Toirt an fheumas àirde às na feartan a tha a' comasachadh, agus an fheum as lugha às na feartan a tha a' cur bacadh air com-pàirteachadh ann an gnìomhachd chorporra làitheil. • Nochdadh tuigse gu bheil dleastanas oirnn a bhith a' misneachadh chàich. • Taisbeanadh fèin-earbsa agus fèin-luach tro dhol an sàs ann an gnìomhan dùbhlanach. • Taisbeanadh luach dhàimhean deimhinneach fhad 's a thathar ag obair 's ag ionnsachadh còmhla ri càch. • Togail / co-thogail shlatan-tomhais gus coileanadh pearsanta agus buidhne a luachadh. • Fèin-mheasadh agus gnìomhadh mar mheasadair chomhaoisean gus ais-fhiosrachadh feumail a sholarachadh airson coileanadh atharrachadh/neartachadh. • Ag iomairt air comharrachadh, luachadh agus togail air euchdan mar phàirt den t-slighe ionnsachaidh.

	<p>Spèis agus Fulangas</p> <p>Conaltradh</p>	<p>'S urrainn dhomh eileamaidean de m' obair agus de obair dhaoine eile a sgrùdadh agus bruidhinn air, ag aithneachadh neartan agus a' comharrachadh raointean far am faodar adhartas a dhèanamh.</p> <p>HWB 3-24a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Tòiseachadh agus cleachdadh ro-innleachdan dèiligidh mar fhreagairt do bhuilean farpais, mar eisimpleir, fèin-labhairt. • Taisbeanadh tuigse don cheangal dheimhinneach eadar oidhirp, leanailteas agus coileanadh pearsanta. • Tuigsinn a' mheasgachaidh de faireachdainnean co-cheangailte ri coileanadh agus a' bhuidhe a th' aca air giùlain agus coileanadh. • Leasachadh comas air faireachdainnean a làimhseachadh gus coileanadh a neartachadh. • Sealltainn dealas a tha a' sìor fhàs do dh'ionnsachadh. • Planadh agus làimhseachadh ionnsachaidh a tha a' riarachadh fheumalachdan agus ùidhean phearsanta. • Cur an sàs ro-innleachdan iomchaidh gus dèiligeadh le fèin-smachd airson coileanadh soirbheachail is tlachdmhor. • Comharrachadh nan neartan aig daoine fa leth/buidhnean gus dleastanasan is innleachdan a shònrachadh dhaibh airson an soirbheachadh as àirde a choileanadh. • Stiùireadh le misneachd agus spèis, a' gabhail cunntas air beachdan chàich. Brosnachadh dhaoine eile gu stiùireadh far a bheil sin iomchaidh. • Cur ri feallsanachd in-ghabhalach, a' nochdadh spèis do chàch a chèile ann an àrainneachdan cleachdaidh is coileanaidh. • Cleachdadh sgilean barganachaidh ann an obair còmhla ri càch ann am measgachadh de dhùbhlain gluasaid. • Leasachadh riaghailtean, uidheam agus siostaman sgòraidh gus tlachd dhaoine fa leth agus bhuidhnean ann an gnìomhachd chorpóra àrdachadh tro chluich cothromach agus beusachd. • Gabhail cunntas air beachdan chàich agus a' freagairt gu h-iomchaidh, mar eisimpleir, faighneachd agus freagairt cheistean, soilleireachadh no geàrr-iomradh phuingean,
--	--	--	---

			<p>togail air beachd-smuaintean, dùbhlachadh bheachdan agus brosnachadh chàich gu bhith a' rannsachadh/leudachadh air beachdan.</p> <ul style="list-style-type: none"> • Taisbeanadh tuigse do raon de sgilean conaltraidh labhairte agus neo-labhairte agus gan cur an sàs gu h-ìomchaidh agus gu misneachail ann an àrainneachdan cleachdaidh is coileanadh, mar eisimpleir, dleasan a' bhrithheimh / an rèitire.
<p>Fallaineachd Chorporra</p>	<p>Bunaiteas</p> <p>Luaths</p> <p>Bun-Sheasmachd agus Neart</p> <p>Sùbailteachd</p>	<p>Tha mi a' leasachadh agus a' cumail suas m' ìrean fallaineachd.</p> <p>HWB 3-22a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Gabhail uallach airson gnìomhachd corporra meadhanach sgairteil a chumail suas agus a tha a' solarachadh dùbhlain. • Tomhas reat cridhe, toirt aire don reat analach agus comas labhairt, gus sùil a chumail air gluasad na bodhaig mu choinneamh gnìomhachd corporra. • Mineachadh carson a tha cuid de fheartan cultarach is sòisealta a' toirt buaidh air com-pàirteachadh ann an gnìomhachd corporra. • Cruithachadh, buileachadh agus sgrùdadh amasan pearsanta airson gnìomhachd corporra meadhanach sgairteil a chumail suas. • Taisbeanadh bunaiteas ann an gnìomhachd corporra gus taic a chur ri coileanadh soirbheachail. • Gluasad aig diofar luaths agus ag atharrachadh cùrsa gu sgiobalta le mionaideachd. • Luathachadh gu sgiobalta bho shuidheachadh stòlda mar fhreagairt do dhùbhlain gluasaid, mar eisimpleir, gluasad gu luath gus buaidh fhaighinn air an neach-dùbhlain. • Taisbeanadh cleachdaidh air luaths (le pàirtean den bhodhaig agus/no uidheam) le mionaideachd agus smachd, mar eisimpleir, ìre slaodadh gàirdean ann an èaladh aghaidh. • Cruithachadh, buileachadh agus sgrùdadh amasan pearsanta airson luaths a leasachadh. • Taisbeanadh luaths ann an gnìomhachd corporra

			<p>airson coileanadh soirbheachail.</p> <ul style="list-style-type: none"> • Taisbeanadh cleachdadh air cothromachd, smachd giùlain agus na ceanglaichean gu seasmhachd bunaiteach. • Taisbeanadh cleachdaidh air fòrsa (le pàirtean den bhodhaig agus/no uidheam) le mionaideachd agus smachd, mar eisimpleir, sùghadh a-steach fòrsa ann an dèiligeadh le neach-dùbhlain ann an rugbaidh. • Cruthachadh, buileachadh agus sgrùdadh amasan pearsanta gus seasmhachd bhunaiteach agus neart a leasachadh. • Taisbeanadh seasmhachd bhunaiteach agus neart ann an gnìomhachdan corporra airson coileanadh soirbheachail. <ul style="list-style-type: none"> • Coileanadh raon de ghluasadan èifeachdach agus daineamach a tha sònraichte do ghnìomhachdan corporra. • Mìneachadh nam buannachdan co-cheangailte ri sùbailteachd a thaobh na beatha làitheil. • Cruthachadh, buileachadh agus sgrùdadh amasan pearsanta gus sùbailteachd a leasachadh. • Taisbeanadh sùbailteachd ann an gnìomhachdan corporra mar thaic do choileanadh soirbheachail.
--	--	--	---

Slàinte agus Sunnd Ceathramh Ìre (Foghlam Corporra)

		Eòlasan agus Builean airson ionnsachadh, teagasg agus measadh a phlanadh	Slatan-tomhais mar thaic do bhreithneachadh proifeiseanta luchd-cleachdaidh air coileanadh ìre
Comasan Corporra	Mothachadh Corporra	<p>Mar a bhios mi a' tighinn tarsainn air measgachadh de dhùbhlain agus cho-theacsan ionnsachaidh, tha mi air mo bhrosnachadh is mo chuideachadh gus sealltainn mo chomais a thaobh raon farsaing de sgilean agus ro-innleachdan gluasaid doirbh a thaghadh is a chur an gnìomh gu cruthachail, ceart, cunbhalach agus fo smachd.</p> <p style="text-align: right;">HWB 4-21a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Gabhail chothroman cunnartach air an obrachadh a-mach agus a' nochdadh mothachaidh do fhèin, do chàch agus obair shàbhailte, mar eisimpleir, crìochnachadh car a' mhuiltein. • Ag atharrachadh, eadar-ghluasad agus ag òcaideachadh gluasaid gu h-èifeachdach. • Mothachail bhon taobh a-staigh a thaobh shreathan gluasaid a chruthachadh agus atharrachadh ann an suidheachaidhean ùra is dùbhlach. • Dèanamh dealachadh le mionaideachd eadar gluasadan de dhiofar phàirtean den bhodhaig, mar eisimpleir, seasamh-cinn pìce. • Coileanadh eadar-gluasadan mionaideach air cuideam le agus às aonais uidheam, le cothromachd socrach agus daineamach. • Obrachadh nithean le misneachd agus gu cunbhalach agus a' cumail cothromachd, mar eisimpleir, pas air ais ann an hocaidh. • Coileanadh sreath èifeachdach de ghluasadan gu cunbhalach agus le cinnteachd. • Luachadh agus cur an sàs prìomh eileamaidean gluasaid a tha a' leantainn gu coileanadhdeagh-ghnè. • Cruthachadh coileanaidh àrd-chàileachdail a' cleachdadh measgachadh de bhrosnachaidhean, mar eisimpleir, cothlamadh de shia gnìomhan dannsabunasach. • Briseadh agus ag ath-stèidheachadh ruitheam mar fhreagairt do chiuthan bhon taobh a-staigh agus an taobh
	Cothromachd agus Smachd		
	Co-òrdanachadh agus Sùbailteachd		
	Ruitheam agus Timeachadh		
	Sgilean Gluasaid M'òra agus Beaga	<p>Cuiridh mi tìde air leth airson cleachdadh, daingneachadh is àrdachadh mo sgilean, gus an ìre as àirde a ruighinn an diofar cho-theacsan.</p> <p style="text-align: right;">HWB 4-22a</p>	

			<p>a-muigh, mar eisimpleir, tilgeil sìos goirid teanais gus railidh bun-loidhne leudaichte a bhuannachadh.</p> <ul style="list-style-type: none"> • Coileanadh sgilean/altan gluasaid speisealaichte gu cunbhalach le mionaideachd. • Eadar-ghluasad sgilean gu h-èifeachdach a chaidh ionnsachadh ann an aon àrainneachd coileanadh gu àrainneachd eile, mar eisimpleir, cumail suidheachadh simplichte aig ìre sleamhnachaidh den t-sròc broillich/mullach leum dìreach ann an trampoilineadh. • Cleachdadh co-òrdanachadh sùla/làimhe agus sùla/coise gu cunbhalach mar phàirt de choileanadhsgileil.
Sgilean Inntinn	<p>Fòcas agus Dlùth- aire</p> <p>Aithneachadh Nì</p> <p>Smaoineachadh Sre ath- leanmhainneach</p> <p>Prìomhachadh</p> <p>Tighinn gu Co- dhùnaidhean</p> <p>Ioma-ghiullachd</p> <p>Fuasgladh Cheistean</p>	<p>Mar a bhios mi a' tighinn tarsainn air measgachadh de dhùbhlain agus cho-theacsan ionnsachaidh, tha mi air mo bhrosnachadh is mo chuideachadh gus sealltainn mo chomais a thaobh raon farsaing de sgilean agus ro-innleachdan gluasaid doirbh a thaghadh is a chur an gnìomh gu cruthachail, ceart, cunbhalach agus fo smachd.</p> <p style="text-align: right;">HWB 4-21a</p> <p>Cuiridh mi tìde air leth airson mo sgilean a chleachdadh, a dhaingneachadh agus àrdachadh, gus an ìre as àirde a ruighinn ann an diofar cho-theacsan.</p> <p style="text-align: right;">HWB 4-22a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Toirt aire don ghnìomh gu cunbhalach agus comasach air atharrachadh bho aon gnìomh gu gnìomh eile agus buairidhean a shìoladh às. • Sìoladh agus prìomhachadh chiuthan labhairteach, corporra agus suidheachail gu luath mar fhreagairt do dhùbhlain gluasaid. • Taghadh, cur an sàs agus fireanachadh sreath de ghnìomhan a tha a' cur ri coileanadh soirbheachail. • Taisbeanadh agus cur an sàs 'dè an ath nì?' gu cunbhalach mar phrìomh eileamaid de choileanadh soirbheachail. • Tighinn gu co-dhùnaidhean le misneachd aig àm a bhith fo bhruthadh. • Eadar-mhìneachadh fiosrachaidh gu luath agus gu cinnteach ann an suidheachaidhean fo bhruthadh. • Taghadh, atharrachadh agus cur an sàs na ro-innleachd as iomchaidh agus a' fireanachadh mar a ghabhas na co-dhùnaidhean sin an eadar-ghluasad gu àrainneachdan corporra eile.

	Cruthachalachd		<ul style="list-style-type: none"> • Cruthachadh shreathan gluasaid le mionaideachd agus misneachd. • Taisbeanadh smaoineachadh neo-eisimeileach is cruthachail ann an luachadh coileanadh. • Taisbeanadh liut, tùsachd is mac-meanmhainn le grinneachadh a tha a' sìor fhàs.
Feartan Pearsanta	Togradh Misneachd agus Fèin-spèis Diongmhaltas agus Fulangas Dleastanas agus Ceannardas	<p>Cuiridh mi tìde air leth airson cleachdadh, daingneachadh is àrdachadh mo sgilean, gus an ìre as àirde a ruighinn an diofar cho-theacsan. HWB 4-22a</p> <p>Ag ionnsachadh còmhla agus ann an suidheachaidhean sa bheil mi nam cheannard, is urrainn dhomh:</p> <ul style="list-style-type: none"> • diofar dhleastanasan fheuchainn agus uallach a ghabhail airson gnìomhachd corporra a chur air dòigh • cur ri àrainneachd a tha taiceil agus fosgailte • dòigh-obrach a nochdadh a tha cothromach. HWB 4-23a <p>'S urrainn dhomh:</p> <ul style="list-style-type: none"> • coimhead gu dlùth is beachdachadh agus cunntas is sgrùdadh a dhèanamh air prìomh phàirtean de m' obair fhìn agus de obair dhaoine eile • breith phongail a thoirt air gnìomh shònraichte • sgrùdadh agus uallacha 	<ul style="list-style-type: none"> • Taisbeanadh fèin-stiùiridh agus oidhirp dheimhinneach gu cunbhalach. • Fireanachadh agus cur an sàs raon de sgilean breithneachaidh is smaoineachaidh gus cuideachadh le planadh agus stèidheachadh amasan airson coileanadh a leasachadh. • Toirt an fheumas fheàrr às na feartan a tha a' comasachadh, agus an fheum as lugha às na feartan a tha a' cur bacadh air com-pàirteachadh ann an gnìomhachd corporra làitheil. • Taisbeanadh leanailteachd agus dealas a' cleachdadh altan leithid smaoineachadh is misneachadh deimhinneach, ann an obair gu neo-eisimeileach agus/no le càch gus coileanadh a leasachadh. • Togail agus co-thogail inbhean, eòlas air toraidhean agus gach seòrsa eile de ais-fhiosrachadh gus coileanadh pearsanta is buidhne a luachadh agus atharrachadh. • Dol an sàs gu neo-eisimeileach ann an gnìomhan-obrach a tha dùbhlach. • Tarraing a-mach na tha 'nas fheàrr' anns a' bhuidheann agus a' ceadachadh do chàch dèanamh da rèir. • Fèin-mheasadh agus gnìomhadh mar mheasadair chomhaoisean gus air-fhiosrachadh feumail a sholarachadh agus coileanadh a mhion-atharrachadh/neartachadh. • Gabhail uallach a thaobh comharrachadh, luachadh agus togail air coileanaidhean mar phàirt den t-slighe ionnsachaidh. • Fèin-thaghadh ro-innleachdan dèiligidh mar fhreagairt do

Fallaineachd Chorporra	Bunaiteas	<p>Tha mi a' leasachadh agus a' cumail suas gach gnè fallaineachd.</p> <p>HWB 4-22a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Dèanamh roghainnean agus cho-dhùnidhean fiosraichte airson gnìomhachd chorporra meadhanach sgairteil a chumail suas. • Sgrùdadh sònaichean reat cridhe agus mar a tha na sònaichean sin co-cheangailte ri fallaineachd is slàinte agus sunnd. • Dèanamh anailis gu breithneachail air feartan ionadail, cultarach agus sòisealta a tha a' toirt buaidh air com-pàirteachadh ann an gnìomhachd chorporra agus a' moladh leasachaidhean. • Fìreanachadh taghadh air amasan pearsanta airson gnìomhachd chorporra meadhanach sgairteil a chumail suas, a tha a' leantainn gu leasachadh. • Cur an sàs siostaman èarabach/anèarabach mar thaic do choileanadh soirbheachail.
	Luaths	<p>Tha mi a' leasachadh agus a' cumail suas gach gnè fallaineachd.</p> <p>HWB 4-22a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Gluasad aig diofar luaths agus ag atharrachadh cùrsa gu luath agus le mionaideachd. • Luathachadh gu sgiobalta bho shuidheachadh stòlda airson cur ri coileanadh soirbheachail, mar eisimpleir, shot putt. • Cur an sàs cleachdadh air luaths gu cunbhalach (le pàirtean den bhodhaig agus/no uidheam) le mionaideachd agus smachd, mar eisimpleir, a' gluasad nan cruachan ann an trampoilineadh. • Fìreanachadh taghadh air amasan pearsanta gus luaths a leasachadh.
	Bun-Sheasmachd agus Neart	<p>Tha mi a' leasachadh agus a' cumail suas gach gnè fallaineachd.</p> <p>HWB 4-22a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Taisbeanadh mionaideachd tro chleachdadh air cothromachd, smachd giùlain agus na ceanglaichean gu seasmhachd bunaiteach. • Cur an sàs cleachdadh air fòrsa (le pàirtean den bhodhaig agus/no uidheam) le mionaideachd agus smachd, mar eisimpleir, spìceadh èifeachdach ann am ball-bholaidh. • Fìreanachadh taghadh air amasan pearsanta gus seasmhachd bunaiteach agus neart a leasachadh. • Cur an sàs seasmhachd bunaiteach agus neart gu
	Sùbailteachd		

			<p>cunbhalach airson coileanadh soirbheachail.</p> <ul style="list-style-type: none">• Coileanadh raon fharsaing de ghluasadan daineamach le mionaideachd.• Fìreanachadh taghadh air amasan pearsanta gus sùbailteachd a leasachadh.• Cur an sàs sùbailteachd gu cunbhalach mar thaic do choileanadh soirbheachail.
--	--	--	---

Education Scotland

Denholm House
Almondvale Business Park
Almondvale Way
Livingston EH54 6GA

T +44 (0)141 282 5000

E enquiries@educationScotland.gov.uk

www.educationScotland.gov.uk